

1540/406

TEISTEANAS
NÀISEANTA
2010

DIHAOINE, 7 CÈITEAN
1.00 F – 2.45 F

EACHDRAIDH
AN ÌRE CHOITCHEANN
Sàr Ìre

Freagair ceistean à Aonad I **agus** Aonad II **agus** Aonad III.

Tagh **aon** Choitheacsa a-mhàin às gach Aonad agus freagair Pàirtean A **agus** B. Tagh na Coitheacsan a tha thu air a bhith ag ionnsachadh. Innsidh am freiceadan dhut dè an fheadhainn a tha sin.

Seo na Coitheacsan anns gach Aonad:

Aonad I—Atharrachadh Dòigh Beatha an Alba 's am Breatainn

- | | |
|--|----------------|
| Coitheacsa A: 1750an–1850an | Duilleagan 2–3 |
| Coitheacsa B: 1830an–1930an | Duilleagan 4–5 |
| Coitheacsa C: 1880an–An là an-diugh..... | Duilleagan 6–7 |

Aonad II—Co-Obrachadh agus Còmhstri Eadar-Nàiseanta

- | | |
|-----------------------------------|----------------|
| Coitheacsa A: 1890an–1920an | Duilleagan 8–9 |
|-----------------------------------|----------------|

Aonad III—Sluagh agus Cumhachd

- | | |
|---|------------------|
| Coitheacsa C: An Ruis 1914–1941 | Duilleagan 10–11 |
| Coitheacsa D: A' Ghemailt 1918–1939 | Duilleagan 12–13 |

Cùm àireamhan nam freagairtean a rèir àireamhan pàipear nan ceistean.

Tha cuid de na stòran air an atharrachadh beagan no air an eadar-theangachadh.



AONAD I—ATHARRACHADH DÒIGH BEATHA AN ALBA 'S AM BREATAINN

COITHEACSA A: 1750an–1850an

PÀIRT A: EÒLAS AGUS TUIGSE

Eadar 1750 agus 1850 dh'fhàg mòran dhaoine a' Ghàidhealtachd airson beatha ùr an àiteachan eile.

- Mìnich carson a dh'fhàg mòran dhaoine a' Ghàidhealtachd eadar 1750 is 1850. 5

Cha deach achd èifeachdach a chlàradh mu na factaraidhean gu 1833.

- Thoir cunntas air mar a rinn laghan ùra cùisean na b' fheàrr anns na muilnean aodaich às dèidh 1830. 3

PÀIRT B: SGILEAN RANNSACHAIDH

Seo an cuspair rannsachaidh:

Mu 1850 bha taigheadas air fàs na b' fheàrr a-muigh air an dùthaich ann an Alba.

Sgrùd na stòran gu faiceallach agus freagair na ceistean a leanas.

Cleachd an t-eòlas agad fhèin far a bheil e iomchaidh.

Chaidh **Stòr A** a thogail bhon iris “*Scottish Quarterly Review*” a chaidh fhoillseachadh ann an 1795.

Stòr A

Bho chionn beagan bhliadhna, anns na taighean a-muigh air an dùthaich, cha bhiodh linigeadh idir eadar na rumannan is mullach an taighe. Cha bhiodh na dorsan 's na h-uinneagan a' dùnadh dòigheil airson uisge is sneachda a chumail a-muigh. Mar sin, nuair a bhiodh an t-side fliuch, bhiodh lòn an suid 's an seo air an làr charrach a bh' air a dhèanamh le ùir. Tha taighean mar sin ann fhathast, ach is ann corra uair a chì thu taigh a-nis anns nach bi an làr air a dhèanamh le leacan no fiodh. An àite connlaich anns na leapannan tha iad a' cadal air itean is clòimhreach. Tha na dorsan 's na h-uinneagan a-nis reusanta dònach.

- Dè cho feumail 's a tha **Stòr A** ann a bhith a' rannsachadh mu mar a bha taigheadas a-muigh air an dùthaich ann an Alba air atharrachadh mu na 1850an? 4

Tha **Stòr B** air a thogail bho “Changing Life in Scotland and Britain 1830–1930”, a chaidh fhoillseachadh ann an 1998.

Stòr B

Anns na 1830an bha cuid de na daoine a bu bhochda air a' Ghàidhealtachd a' fuireach ann an Taighean Dubha. Togalach fada, ìosal, cha robh uinneagan idir ann. Bha teine fosgailte, nach biodh a' dol às a latha no dh'oidhche, ann am meadhan an làir. Cha robh similear idir ann ach toll na mhullach airson an ceò a leigeil a-mach. Thòisich seòrsachan ùra de thaighean air nochdad. Bha sglèat orra sin no, às dèidh 1830, iarann liorcach. Bha cuideachd àite teine dòigheil le similear annta agus, gu tric, cuair no stòbh airson còcaireachd.

Chaidh **Stòr C** a sgrìobhadh le neach a chunnaic taigh sgalaig air tuathanas ann an siorrachd Obar Dheathain mu mheadhan an naoidheamh linn deug.

Stòr C

Is gann gu bheil àirde còig troighean anns na ballachan is tha an doras cho ìosal is gum feum duine àbhaisteach crùbadh san dol a-steach. Tha na ballachan air an togail le clachan garbha air an cumail ri chèile le aol. Tha dà uinneig le leòsain ghlainne sa chuid mhòir de na taighean. Bidh leabaidh no dhà sa mheadhan a' roinn an taighe na dhà rùm. Tha an làr den aon stuth ris an talamh mun cuairt an taighe. Mar sin, tha e an-còmhnaidh fliuch is fuaraidh.

Coimhead air Stòran A, B agus C.

4. Dè an fhianais a th' anns na stòran airson taic a thoirt don bharail **gun robh** taigheadas a-muigh air an dùthaich ann an Alba **air fàs na b' fheàrr** mu na 1850an?

Dè an fhianais a th' anns na stòran airson taic a thoirt don bharail **nach robh** taigheadas a-muigh air an dùthaich ann an Alba **air fàs na b' fheàrr** mu na 1850an? 6

5. Dè an ìre gu bheil thu ag aontachadh gun robh taigheadas a-muigh air an dùthaich ann an Alba air fàs na b' fheàrr mu na 1850an?

Cleachd fianais **às na stòran** agus **an t-eòlas agad fhèin** gu **co-dhùnadh cothromach** a ruighinn. 5

[CRÒCH COITHEACSA IA]

AONAD I—ATHARRACHADH DÒIGH BEATHA AN ALBA 'S AM BREATAINN

COITHEACSA B: 1830an–1930an

PAÌRT A: EÒLAS AGUS TUIGSE

Eadar 1830 agus 1930 dh'fhàg mòran Alba airson beatha ùr thall thairis.

- Mìnich carson a rinn daoine an imrich à Alba eadar 1830 is 1930.

5

Is ann mar thoradh air Aithisg a' Choimisein Rìoghail a chaidh Achd nam Mèinnean a chlàradh ann an 1842.

- Thoir cunntas air mar a rinn laghan ùra cùisean na b' fheàrr anns na mèinnean às dèidh 1840.

3

PAÌRT B: SGILEAN RANNSACHAIDH

Seo an cuspair rannsachaidh:

Bha taigheadas a-muigh air an dùthaich ann an Alba air fàs na b' fheàrr mu na 1930an.

Sgrùd na stòran gu faiceallach agus freagair na ceistean a leanas.

Cleachd an t-eòlas agad fhèin far a bheil e iomchaidh.

Tha **Stòr A** air a thogail bho aithisg a sgrìobh Neach-sgrùdaidh Slàintealachd ann an siorrachd Chataibh ann an 1912.

Stòr A

Chaidh na taighean a th' aig a' chuid mhòir de chroitearan a thogail le ballachan-cloiche bho chionn 50 no 60 bliadhna. Is e tughadh a bha orra an toiseach ach bho chionn ghoirid chaidh an leasachadh is tha mullach fiodha le iarann no teàrr-anart orra. Tha na ballachan an-còmhnaidh fuaraidh bhom mullach gum bonn. Ann an 50% de na taighean chan fhosgail na h-uinneagan beaga. Ann am mòran dhiubh tha a h-uile toll air a lionadh gus nach faigh gaoth tromhpa. Tha e doirbh àiteachan den t-seòrsa sin a ghlanadh dòigheil airson bacadh a chur air galairean.

- Dè cho feumail's a tha **Stòr A** ann a bhith a' rannsachadh mar a bha taigheadas a-muigh air an dùthaich ann an Alba air atharrachadh mu na 1930an?

4

Tha **Stòr B** air a thogail bho “A Century of the Scottish People 1830–1930”, a chaidh fhoillseachadh ann an 1986.

Stòr B

Eadhon suas gu 1913, ann an Lodainn, bha taighean ann fhathast anns nach robh ach aon rùm. Bha feadhainn ann cuideachd a bha às aonais ghoireasan slàintealachd. Às aonais taigheadais nas fheàrr bha e a' sìor fhàs doirbh do luchd-fastaidh fir-obrach a lorg. Ann an 1892 sgrìobh neach-naidheachd gun robh taighean nan sgalagan air na tuathanais fada na b' fheàrr a-nis. Bhon taobh a-muigh 's bhon taobh a-staigh bha e follaiseach gun robh na taighean cofhurtail. Air Ghalltachd chan eil sgeul air na seann bhothain shalach anns an robh na sgalagan a bha gun phòsadh a' fuireach. Bha seo na phàirt de na h-atharrachaidhean a bha a' dèanamh chùisean na b' fheàrr do sgalagan air na tuathanais air feadh na dùthcha.

Tha **Stòr C** air a thogail à “Country Life in Scotland”, a chaidh a sgrìobhadh le Alexander Fenton agus fhoillseachadh ann an 2008.

Stòr C

Mu na 1860an bhathar ag ath-thogail thaighean airson nan sgalagan air tuathanais air feadh na dùthcha. Bha an eaglais fada an aghaidh teaghlaichean mòra a bhith tighinn beò ann an aon rùm agus ag ràdh gun robh a leithid sin mi-mhoralta. Mu 1900 bha dà làr sa chuid mhòir de thaighean. Bha na mullaich aca nas àirde agus air an sglèatadh. Ged a bha na togalaichean fhèin nas fheàrr cha robh sin ag ràdh gun robh goireasan nas fheàrr annta uile. Cha robh an tuisge air a chur a-steach do chuid. Cha robh toidhleatan an-còmhnaidh air an togail. Bhiodh sgalagan gu tric a' gluasad gu tuathanais eile 's mar sin cha robh ùidh ro mhòr aca ann a bhith a' coimhead às dèidh nan taighean aca. Cha robh na tuathanaich cho dualtach na h-uiread a chosg air taighean nuair a bha a h-uile coltas air nach coimheadadh na sgalagan às an dèidh ëigheil.

Coimhead air Stòran A, B agus C.

4. Dè an fhianais a th' anns na stòran airson taic a thoirt don bharail **gun robh** taigheadas a-muigh air an dùthaich ann an Alba **air fàs na b' fheàrr** mu 1930?

Dè an fhianais a th' anns na stòran airson taic a thoirt don bharail **nach robh** taigheadas a-muigh air an dùthaich ann an Alba **air fàs na b' fheàrr** mu 1930? 6

5. Dè an ìre gu bheil thu ag aontachadh gun robh taigheadas a-muigh air an dùthaich ann an Alba air fàs na b' fheàrr mu 1930?

Cleachd fianais **às na stòran** agus **an t-eòlas agad fhèin** gu **co-dhùnad** **còthromach** a ruighinn. 5

[CRÒCH COITHEACSA 1B]

AONAD I—ATHARRACHADH DÒIGH BEATHA AN ALBA 'S AM BREATAINN

COITHEACSA C: 1880an-An là an-diugh

PAÌRT A: EÒLAS AGUS TUIGSE

Tron fhicheadamh linn dh'fhàg mòran Alba airson beatha ùr thall thairis.

1. Mìnich carson a rinn daoine an imrich à Alba tron fhicheadamh linn. 5

Rinn na h-aonaidhean-ciùird strì mhòr feuch am biodh beòshlaint na b' fheàrr aig an luchd-obrach.

2. Thoir cunntas air na rinn na h-aonaidhean-ciùird bho 1880 feuch am biodh beòshlaint na b' fheàrr aig an luchd-obrach. 3

PAÌRT B: SGILEAN RANNSACHAIDH

Seo an cuspair rannsachaidh:

Bha taigheadas nan comhairlean ann an Alba air fàs na b' fheàrr eadar 1945 agus 1970.

Sgrùd na stòran gu faiceallach agus freagair na ceistean a leanas.

Cleachd an t-eòlas agad fhèin far a bheil e iomchaidh.

Tha **Stòr A** air a thogail à agallamh a thug neach a bha am measg a' chiad fheadhainn a ghabh taighean comhairle ann an Easterhouse agus a għluais ann ann an 1965.

Stòr A

Tha droch ainm aig Easterhouse a-nis agus is e call a tha sin. Thàinig mise à Bridgeton bho chionn bhliadhñachan, a-mach à teanamaint aig an robh toidhleat sa ghàrradh ach a bha gun amar-ionnlaid. Mise a bu shine den teaghlaich is bha mi air bhioran a' fuireach ri gluasad. Bha barrachd rumannan san taigh ùr againn. Dhòmhσa, bha e mar chaisteal. Cha robh dad ach achaidhean mun cuairt is farsaingeachd gu leòr airson ruith. Bha mo mhàthair ag iaraidh flat air an làr a b' àirde ach b' theudar dhi a bhith toilichte le fear air an làr a b' isle. A-nis, an dèidh a huile bliadhna a bha sin, tha an taigh aig mo mhàthair grod le fuarachd.

3. Dè cho feumail 's a tha **Stòr A** ann a bhith a' rannsachadh mar a dh'atharraich taigheadas nan comhairlean ann an Alba eadar 1945 agus 1970? 4

Tha **Stòr B** air a thogail à “The Right to a Decent House”, a chaidh fhoillseachadh ann an 1977.

Stòr B

Eadar 1945 agus 1971 leag comhairle Ghlaschu 50,000 taigh anns na slumaichean. Aig an aon àm thog iad còrr is 100,000 taigh comhairle ùr. An uair sin, bha taigheadas ga ath-nuadhachadh ann an Glaschu tro sgeama na bu mothà na gin eile den t-seòrsa san Ròinn Eòropa. Chan eil sgeul tuilleadh air na sgìreachdan, mar na Gorbals, a bha a' cur thairis le daoine. A dh'aindeoin sin chaidh mearachdan a dhèanamh. Ann an 1970, bha 55,000 neach a' fuireach ann an Easterhouse ach that hast cha robh goireasan mar thaighean-dhealbh idir ann. Cha robh fiù 's ionad-bhùithlean ann.

Tha **Stòr C** air a thogail à “The Scottish Nation”, a chaidh a sgrìobhadh le T.M. Devine.

Stòr C

Tha e a-nis air fàs fasanta a bhith a' càineadh nan taighean comhairle a chaidh a thogail an Alba às deidh a' chogaidh. Gun teagamh, bha mòran de na taighean ùra air an droch thogail agus nuair a thuirt Billy Connolly gun robh na sgeamaichean mòra coltach ri “deserts wi' windies” bha sin fior a thaobh cho gann 's a bha goireasan annta. Bha iad nan èiginn airson na slumaichean a leagail ach nuair a rinn iad sin chuir iad cuideachd às do iomadh coimhearsnachd anns na seann teanamaintean anns an robh ceanglaichean làidir eadar na bha beò annta. Ach, an rud a dh'fheumas cuimhn' a bhith againn air 's e gun robh àireamh mhòr de Albannaich, airson a' chiad turas riamh, ann an dachaighean reusanta math a bh' air an togail a rèir nan riaghailtean a bh' ann aig an àm.

Coimhead air Stòran A, B agus C.

4. Dè an fhianais a th' anns na stòran airson taic a thoirt don bharail **gun do dh'fhàs** taigheadas nan comhairlean ann an Alba **na b' fheàrr** eadar 1945 agus 1970?

Dè an fhianais a th' anns na stòran airson taic a thoirt don bharail **nach do dh'fhàs** taigheadas nan comhairlean ann an Alba **na b' fheàrr** eadar 1945 agus 1970? 6

5. Dè an ire gu bheil thu ag aontachadh gun do dh'fhàs taigheadas nan comhairlean ann an Alba na b' fheàrr eadar 1945 agus 1970?

Cleachd fianais **às na stòran** agus **an t-eòlas agad fhèin** gu **co-dhùnad** **cothromach** a ruighinn. 5

[CRÌOCH COITHEACSA 1C]

AONAD II—CO-OBRACHADH AGUS CÒMHSTRI EADAR-NÀISEANTA

COITHEACSA A: 1890an—1920an

PÀIRT A: EÒLAS AGUS TUIGSE

Bha còmhstri air a bhith eadar na Cumhachdan Mòra san Roinn Eòrpa fad mòran bhliadhna.

(Nota: airson a' cheist seo a fhreagairt bu chòir dhut aiste anns am bi grunnan pharagrafan a sgrìobhadh le ro-ràdh agus co-dhùnad.)

- Dè cho cudromach 's a bha **AON** dhiubh seo mar adhbhar airson a' Chiad Chogaidh Mhòir:

(a) a' cho-fharpais eadar Breatainn 's a' Ghearmailt feuch cò bu mhotha a thogadh de bhàtaichean-cogaidh?

NO

8

(b) a' chòmhstri eadar an Ostair-Ungaire agus an Ruis anns na Balkans?

8

PÀIRT B: SGILEAN RANNSACHAIDH

Tha na stòran a leanas mu Lìog nan Nàiseanan.

**Sgrùd na stòran gu faiceallach agus freagair na ceistean a leanas.
Cleachd an t-eòlas agad fhèin far a bheil e iomchaidh.**

Tha **Stòr A** mu na h-amasan a bh' aig Lìog nan Nàiseanan.

Stòr A

Aig a' cho-chruinneachadh sìthe ann am Paris chaidh Cùmhnant na Lìog aontachadh. Bha seo ag ràdh gum biodh a h-uile dùthaich anns an Lìog deisel is deònach gu cuideachadh a thoirt do dhùthaich sam bith eile a bha na ball den Lìog nan rachadh ionnsaigh a thoirt oirre. Nam briseadh còmhraighean sìthe sios bu chòir comhairle iarraidh air an Lìog mu thighinn gu aonta. Sa chiad dol-a-mach, cha deach cuireadh a thoirt don Ghearmailt no don Ruis a bhith nam buill. Bhiodh an Lìog cuideachd deònach crìochan agus neo-eisimeileachd dhùthchannan a dhion. Air thoiseach air gach amas eile, dh' aontaich iad còmhstrithean a thoirt gu ceann tro chòmhraighean an àite tro chogaidhean.

- Dè cho mionaideach 's a tha **Stòr A** a' toirt cunntas air amasan Lìog nan Nàiseanan?

Feumaidh tu fianais às **an stòr** agus **an t-eòlas agad fhèin** a chleachdad agus feumaidh tu adhbhair a thoirt airson do fhreagairt.

4

Tha **Stòr B** air a thogail à “The Great War, 1914–1918” le Ronald Cameron, a chaidh fhoillseachadh ann an 1999.

Stòr B

B'e Wilson am prìomh dhuine a bha air cùl Lìog nan Nàiseanan a chur air chois ach dhiùlt na SA tighinn a-steach innte mar bhall agus lagaich sin inbhe agus cumhachd na Lìog. An toiseach bha ballrachd a bha iongantach mòr aig an Lìog. Anns na bliadhna chan às dèidh a' chogaidh, rinn an Lìog an t-uabhas de obair a bha a' toirt beatha nas fheàrr do dhaoine. Tha deasbad eachdraidheil mhòr ann fhathast mu dè cho soirbheachail 's a bha Lìog nan Nàiseanan. Chaidh aig an Lìog air sìth a stèidheachadh nuair a bha còmhstrithean eadar dùthchannan beaga air am b' urrainn dhi laighe gu cruidh. Ach nuair a bha còmhstrithean eadar dùthchannan na bu mhotha na sin, gu tric, cha do rinn an Lìog dad no leig i le buidheann eile dèiligeadh riutha às a leth.

4

3. Dè cho feumail 's a tha **Stòr B** mar fhianais air cho soirbheachail 's a bha Lìog nan Nàiseanan?

Tha **Stòr C** mu cho soirbheachail 's a bha Lìog nan Nàiseanan.

Stòr C

B' e prìomh amas na Lìog a bhith a' cumail na sìthe ach, ro dheireadh na 1920an, bha e furasta fhaicinn nach robh i a' coileanadh an amais sin. Bha a' Chùmhnant a' mineachadh mar a bhiodh an Lìog ag obair. Bha mòran de na buill an aghaidh smachd-bhannan a chleachdad, co-dhiù a bhiodh iad armailteach no eaonamach, agus lagaich sin an Lìog. Nuair a bha cuid de na dùthchannan a bu làidire nan dragh don Lìog cha robh an Lìog cruidh gu leòr orra, ged a shoirbhich leatha gun teagamh ann an 1925 nuair a thug a' Ghàrig ionnsaigh air Bulgàiria. Ged nach tug cuid de na cumhachdan mòra taic dhi, feumar a ràdh, mar mholadh, gun robh 42 buill san Lìog an toiseach. Bha cuid dhiubh sin, gun teagamh, nach robh nam buill ach airson ùine ghoirid.

5

4. Dè an ìre gu bheil **Stòran B** agus **C** ag aontachadh mu cho soirbheachail 's a bha Lìog nan Nàiseanan?

[CRÌOCH COITHEACSA IIA]

AONAD III—SLUAGH AGUS CUMHACHD

COITHEACSA C: AN RUIS 1914-1941

PAIRT A: EÒLAS AGUS TUIGSE

Mun àm a thàinig 1917 bha an Tsar air na bh' aige de thaic phoilitigich a chall.

- Minich carson a bha cho beag meas air an Tsar mun àm a thàinig 1917.

4

Cha leigeadh Stalin le duine seasamh an aghaidh co-thuathanas.

- Thoir cunntas air mar a bhathar a' dèiligeadh ris na Kulags anns an Ruis às dèidh 1929.

4

PAIRT B: SGILEAN RANNSACHAIDH

Tha na stòran a leanas mun bhuaidh a bh' aig a' Chogadh Chatharra air an luchd-tuatha anns an Ruis.

**Sgrùd na stòran gu faiceallach agus freagair na ceistean a leanas.
Cleachd an t-eòlas agad fhèin far a bheil e iomchaidh.**

Ann an **Stòr A** tha oifigear Geal ag innse mun pheanasachadh a chaidh a dhèanamh air baile beag san Ruis a thoradh gun robh e air fhàgail air gun robh e a' toirt taic don Arm Dhearg sa Mhàrt 1918.

Stòr A

Chaidh na saighdearan agam a-steach don bhaile bheag seo airson na brathadairean Boilseabhach a chur gu bàs. B' e sin am peanas àbhaisteach. An dèidh an cur gu bàs, chaidh na taighean aca a chur nan teine. Thugadh an uair sin òrdugh don chòrr a bha a' fuireach ann an crodh a b' fheàrr, gràin agus na h-eich a b' fheàrr a bh' aca a thoirt dhuinn gun phàigheadh. Bha iad uile a' gearain ach bha sinne coma. Rinn sinn na bh' againn ri dhèanamh. B' fheudar dèiligeadh mar seo ri mòran bhaltean beaga ach dh'fheumte a dhèanamh. Cha robh sinn airson gum biodh a' bhuaidh leis an Arm Dhearg.

- Thoir cunntas air na beachdan a tha an neach a sgriobh **Stòr A** a' nochdadadh mun luchd-tuatha anns an Ruis.

4

Ann an **Stòr B** tha neach-eachdraidh a' toirt cunntas air cuid de rudan a thachair san Ruis aig àm a' Chogaidh Chatharra.

Stòr B

Bhiodh an dà chuid, an t-Arm Dearg agus na h-Armaltean Geala, a' cumail an t-sluaigh fo eagal anns na sgireachdan a bha smachd ac' air. Bha iad a' coimhead air peanas-bàis mar pheanas a dh' fheumadh a bhith aca ann an suidheachadh èiginneach leithid ar-a-mach no cogadh catharra. Bha poileasaidh aig na Boilseabhaich cuideachd a bhith a' gabhail seilbh air gràn, a' cur shaighdearan - gu tric air an deagh armachadh - a thoirt air falbh a' ghràin a bh' aig an luchd-tuatha anns na sabhalan aca. Air sàillibh seo, cha robb càirdeas ro mhath eadar an riaghaltas Sòibhiatach agus an luchd-tuatha, ach dh'fheumte a dhèanamh airson dèanamh cinnteach nach biodh a' bhuaidh leis na h-Armaltean Geala.

4. Dè an ìre gu bheil **Stòran A** agus **B** ag aontachadh mun bhuaidh a bh' aig a' Chogadh Chatharra air an luchd-tuatha san Ruis?

4

[*CRÌOCH COITHEACSA IIIC*]

AONAD III—SLUAGH AGUS CUMHACHD

COITHEACSA D: A' GHEARMAILT 1918–1939

PAÌRT A: EÒLAS AGUS TUIGSE

Anns na mìosan mu dheireadh de 1918 bha mòran Ghearmailteach mì-riaraichte leis a' Khaiser.

- Mìnich carson a bha cho beag meas air a' Khaiser suas ri deireadh 1918.

4

Thòisich geur-leanmhainn nan lùdhach sa Ghearmailt cho luath 's a fhuair na Nadsaidhean cumhachd.

- Thoir cunntas air mar a dhèilig na Nadsaidhean sa Ghearmailt ris na h-lùdhaich eadar 1933 agus 1939.

4

PAÌRT B: SGILEAN RANNSACHAIDH

Tha na stòran a leanas mun atmhorachd mhòir sa Ghearmailt ann an 1923.

**Sgrùd na stòran gu faiceallach agus freagair na ceistean a leanas.
Cleachd an t-eòlas agad fhèin far a bheil e iomchaidh.**

Ann an **Stòr A** tha Konrad Heiden a' cuimhneachadh air an atmhorachd mhòir sa Ghearmailt.

Stòr A

Gach feasgar Dihaoine, bhiodh an luchd-obrach nan èiginn a' dèanamh air a' bhùth a b' phasge cho luath 's a b' urrainn dhaibh agus bhiodh ciudha an sin mu thràth. Is e briseadh cridhe a bh' ann. Nuair a ruigeadh tu bhiodh punnd siùcair a' cosg dà mhillean marc ach nuair a thigeadh tu gu beulaibh a' chiudha cha cheannaicheadh na bh' agad ach leth-phunnd. Anns an troimh-a-chèile bhiodh daoine a' putadh phramaichean làn airgid. Bha a h-uile latha mar dhrach aisling. Bha sinn air ar sgrios is gun luach sam bith a-nis anns na bha sinn air a shàbhalaadh fad ar beatha. Gun teagamh, bha feadhainn nar measg a bha eòlach air a bhith gun airgead, ach bha e doirbh don chuid againn aig an robh airgead is a bha a-nis, cho sgiobalta, air ar fàgail gun dad.

- Thoir cunntas air na beachdan a tha an neach a sgriobh **Stòr A** a' nochdad mun atmhorachd mhòir sa Ghearmasilt ann an 1923.

4

Tha **Stòr B** ag innse mu chuid den bhuaidh a bh' aig an atmhorachd mhòir sa Ghearmailt ann an 1923.

Stòr B

Ann an 1923 bha a' Ghearmailt ann an èiginn eaconamaich. Ann am beagan is bliadhna bha an atmhorachd mhòr air milleadh smaoineachail a dhèanamh. Bha an t-airgead a bh' air a shàbhalaigh tro obair chruaidh thar iomadach deich bliadhna a-nis air a bheagachadh gu neon. Ann an taighean-bìdh bhiodh daoine a' pàigheadh airson am bidh mus tòisicheadh iad air ithe oir bhiodh a' phrìs air a dhol suas mus òladh iad an cofaigh. Bhiodh cuid eile a' dol do bhùth bèiceir le bara làn den airgead a bha iad air a shàbhalaigh. Bha mòran Ghearmalteach a' cur na coire air riaghaltas Weimar. Cha robh ach eagal is eu-dòchas às ùr a' tighinn leis gach latha, is chan ann a-mhàin don fheadhainn a bha cleachdte ri bochdainn ach, cuideachd, don fheadhainn a bha air a bhith cleachdte ri beairteas. Air a' cheann thall thàinig Ameireaga le cuideachadh.

4. Dè an ìre gu bheil **Stòran A** agus **B** ag aontachadh mun bhuaidh a bh' aig an atmhorachd mhòir air a' Ghearmailt ann an 1923?

4

[*CRÌOCH COITHEACSA IID*]

[*CRÌOCH PÀIPEAR NAN CEISTEAN*]

[DUILLEAG BHÀN]

[DUILLEAG BHÀN]

[DUILLEAG BHÀN]